

An Fhraing***

'S i an Fhraing an treas dùthaich as motha anns an Roinn Eòrpa le mu 66 millean a' fuireach innte. Tha crìochan aice ri ochd dùthchannan eile; an Eadailt, a' Bheilg, Lugsamburg, a' Ghearmailt, an Eilbheis agus Monaco ris an ear, agus an Spàinn agus Andòra ris an iar.

'S e Paris am prìomh-bhaile agus am baile as motha anns an Fhraing; tha mu 2 mhillean a' fuireach ann. Am measg nam bailtean mòra eile tha Marseille, Lyon, Toulouse, Nice agus Nantes. Tha iad uile diofraichte a thaobh aimsir, biadh agus traidiseanan. Mar eisimpleir, tha Marseille air a' chost a deas agus tha tòrr dhaoine à Afraga a Tuath **a' còmhnaidh** ann, agus tha buaidh aig a sin air a' bhiadh, air a' cheòl agus air cultur a' bhaile.

Cruth-tìre

Tha iomadh seòrsa cruth-tìre anns an Fhraing, eadar tràighean àlainn air a' chost a deas agus beanntan àrda gu sear far a bheil a' bheinn as àirde san Roinn Eòrpa, Mont Blanc. Tha i mu 4,810 meatair a dh'àirde.

Tuathanachas




Lus na tùise ann am Provence

Air an dùthaich, tha tòrr den fhearann air a chleachdadh airson **tuathanachas**. Bidh tuathanaich **a' cur bàrr** mar cruithneachd, buntàta, tomàtothan, ùbhlán, fion-dearcan agus **neòinean-grèine**. Air taobh an ear-dheas na dùthcha, bidh iad a' cur tòrr **lus na tùise**. Anns an sgìre seo tha e cumanta an dà chuid ann an siabann agus ann am biadh.

Tha 600 diofar sheòrsaichean càise air a dhèanamh anns an Fhraing a' cleachdadh bainne bho chaoraich, crodh agus gobhair. Ach, tha aon dhiubh, *Epoisses de Bourgogne*, cho garg agus nach eil e ceadaichte a bhith ga ghiùlan air bus no trèana!

An robh fhios agad?



Spòrs

'S e ball-coise an spòrs as fheàrr leis a' mhòr-chuid, ach bidh tòrr a' leantainn agus a' cluich rugbaidh, teanas agus ball-basgaid cuideachd. 'S e rèis ainmeil bhaidhsagalan a th' anns an Tour de France a tha 3200km a dh'fhaid. Bidh e a' tachairt a h-uile bliadhna thairis air 21 làithean. Thig còrr is 15 millean duine a-mach ga choimhead, còrr is 7 uiread àireamh-sluaigh Paris.



Bhuannaich an Fhraing Cupa na Gruinne 2018

Turasachd

Bidh barrachd luchd-turais a' tadhal air an Fhraing na dùthaich sam bith eile air an t-saoghal, mu 90 millean a h-uile bliadhna agus 's e Tùr Eiffel agus Taigh-tasgaidh an Louvre a tha a' tàladh a' chuid as motha dhiubh. Chaidh Tùr Eiffel a thogail eadar 1887 agus 1889 le Gustave Eiffel mar thogalach **sealach, a' comharrachadh** 100 bliadhna o Mhòr-chaochladh na Frainge. Cha robh e a' còrdadh ri daoine aig an àm, ach nuair a mhothaich iad gum biodh e feumail gus siognail rèidio fhaighinn, **cho-dhùin** muintir Pharis gun cumadh iad e.

Ceistean***

Dèan cinnteach gun tuig thu na faclan ann an **litrichean troma**.

Ceistean Tuigse

1. Cia mheud duine a tha a' fuireach san Fhraing?
2. Sgrìobh na dùthchannan aig a bheil crìochan ris an Fhraing ann an òrdugh na h-aibideil.
3. Dè am baile as motha anns an Fhraing?
4. Dè a' bheinn as àirde anns an Roinn Eòrpa agus dè cho àrd 's a tha i?
5. Ciamar a bhios iad a' cleachdadh lus na tùise?
6. Dè an seòrsa spòrs a tha cumanta san Fhraing?
7. Dè th' anns an Tour de France?
8. Dè cho tric 's a bhios e a' tachairt?
9. Ainmich an dà rud anns an Fhraing a tha a' tàladh a' chuid as motha de luchd-turais.
10. Carson a chaidh Tùr Eiffel a thogail?

Ceistean Smaoineachaidh

1. Saoil ciamar a bhiodh e diofraichte a bhith a' fuireach ann an aon de na bailtean mòra san Fhraing, no a' fuireach air an dùthaich?
2. Saoil carson a tha am biadh agus traidiseanan anns na diofar bhailtean mòra cho eadar-dhealaichte?
3. Saoil carson a tha barrachd dhaoine a' tadhal air an Fhraing na dùthaich sam bith eile?
4. Nad bheachd-sa, carson nach robh muinntir Pharis dèidheil air Tùr Eiffel nuair a chaidh a thogail?
5. A bheil thu den bheachd gum bi Epoisses de Bourgogne a' còrdadh ri mòran dhaoine? Carson?


An Fhraing**

'S i an Fhraing an treas dùthaich as motha anns an Roinn Eòrpa le mu 66 millean a' fuireach innte. Tha crìochan aice ri ochd dùthchannan eile; an Eadailt, a' Bheilg, Lugsamburg, a' Ghearmailt, an Eilbheis agus Monaco ris an ear, agus an Spàinn agus Andòra ris an iar.

'S e Paris am prìomh-bhaile agus am baile as motha anns an Fhraing; tha mu 2 mhillean a' fuireach ann. Am measg nam bailtean mòra eile tha Marseille, Lyon, Toulouse, Nice agus Nantes. Tha iad uile diofraichte a thaobh aimsir, biadh agus traidiseanan.

Cruth-tìre

Tha iomadh seòrsa cruth-tìre anns an Fhraing, eadar tràighean àlainn air a' chost a deas agus beanntan àrda gu sear far a bheil a' bheinn as àirde san Roinn Eòrpa, Mont Blanc. Tha i mu 4,810 meatair a dh'àirde.



Spòrs

'S e ball-coise an spòrs as fheàrr leis a' mhòr-chuid, ach bidh tòrr a' leantainn agus a' cluich rugbaidh, teanas agus ball-basgaid cuideachd.

'S e rèis ainmeil bhaidhsagalan a th' anns an Tour de France a tha 3200km a dh'fhaid. Bidh e a' tachairt a h-uile bliadhna thairis air 21 làithean. Thig còrr is 15 millean duine a-mach ga choimhead.

Tuathanachas



Lus na tùise ann am Provence

Air an dùthaich, tha tòrr den fhearann air a chleachdadh airson **tuathanachas**. Bidh tuathanaich a' cur bàrr mar **cruithneachd**, buntàta, tomàtohan, ùbhlán, fion-dearcan agus **neòinean-grèine**. Air taobh an ear-dheas na dùthcha, bidh iad a' cur tòrr **lus na tùise**. Anns an sgìre seo tha e cumanta an dà chuid ann an siabann agus ann am biadh.



Bhuannaich an Fhraing Cupa na Cruinne 2018

An robh fhios agad?

Tha 600 diofar sheòrsaichean càise air a dhèanamh anns an Fhraing a' cleachdadh bainne bho chaoraich, crodh agus gobhair. Ach, tha aon dhiubh, *Epoisses de Bourgogne*, cho garg agus nach eil e ceadichte a bhith ga ghiùlan air bus no tràna!

Turasachd

Bidh barrachd luchd-turais a' tadhal air an Fhraing na dùthaich sam bith eile air an t-saoghal, mu 90 millean a h-uile bliadhna agus 's e Tùr Eiffel agus Taigh-tasgaidh an Louvre, a tha a' **tàladh** a' chuid as motha dhiubh.

Chaidh Tùr Eiffel a thogail eadar 1887 agus 1889 le Gustave, a' **comharrachadh** 100 bliadhna o Mhòr-chaochladh na Frainge.

Ceistean**

Dèan cinnteach gun tuig thu na faclan ann an **litrichean troma**.

Ceistean Tuigse

1. Ainmich na dùthchannan aig a bheil crìochan ris an Fhraing.
2. Dè am prìomh-bhaile anns an Fhraing?
3. Ainmich cuid de na bailtean mòra anns an Fhraing.
4. Dè a' bheinn as àirde anns an Roinn Eòrpa agus dè cho àrd 's a tha i?
5. Dè bhios tuathanaich a' cur ann an ceann an ear-dheas na dùthcha?
6. Dè an seòrsa spòrs a tha cumanta san Fhraing?
7. Dè cho fad 's a tha an cùrsa airson an Tour de France?
8. Dè cho tric 's a bhios e a' tachairt?
9. Ainmich an dà rud anns an Fhraing a tha a' tàladh a' chuid as motha de luchd-turais.
10. Carson a chaidh Tùr Eiffel a thogail?

Ceistean Smaoineachaidh

1. Saoil ciamar a bhiodh e diofraichte a bhith a' fuireach ann an aon de na bailtean mòra san Fhraing seach a bhith a' fuireach air an dùthaich?
2. Saoil carson a tha an Tour de France cho ainmeil?
3. Saoil carson a tha barrachd dhaoine a' tadhal air an Fhraing na dùthaich sam bith eile?
4. Nad bheachd-sa, carson nach robh muinntir Pharis dèidheil air Tùr Eiffel nuair a chaidh a thogail?
5. A bheil thu den bheachd gum bi Epoisses de Bourgogne a' còrdadh ri mòran dhaoine? Carson?

An Fhraing*

'S i an Fhraing an treas dùthaich as motha anns an Roinn Eòrpa le mu 66 millean a' fuireach innte. Tha ochd dùthchannan timcheall oirre; an Eadailt, a' Bheilg, Lugsamburg, a' Ghearmailt, an Eilbheis agus Monaco ris an ear, agus an Spàinn agus Andòra ris an iar.

'S e Paris am prìomh-bhaile agus am baile as motha anns an Fhraing; tha mu 2 mhillean a' fuireach ann. Am measg nam bailtean mòra eile tha Marseille, Lyon, Toulouse, Nice agus Nantes. Tha iad uile diofraichte a thaobh aimsir, biadh agus traidiseanan.

Cruth-tìre

Tha tràighean àlainn air a' chost a deas agus beanntan àrda gu sear. Seo far a bheil a' bheinn as àirde san Roinn Eòrpa, Mont Blanc. Tha i mu 4,810 meatair a dh'àirde.

Tuathanachas

Air an dùthaich, tha tòrr den fhearann air a chleachdadh airson **tuathanachas**. Bidh tuathanaich **a' cur bàrr** mar tomàtothan, ùbhlán, fion-dearcán agus **neòinean-grèine**. Air taobh an ear-dheas na dùthcha, bidh iad a' cur tòrr **lus na tùise**. Bidh iad a' cleachdadh seo ann an siabann agus ann am biadh.



Lus na tùise
ann am Provence



Spòrs

'S e ball-coise an spòrs as fheàrr leis a' mhòr-chuid ach bidh tòrr a' leantainn agus a' cluich rugbaidh, teanas agus ball-basgaid cuideachd.

'S e rèis ainmeil bhaidhsagalan a th' anns an Tour de France a tha 3200km a dh'fhaid. Bidh e a' tachairt a h-uile bliadhna thairis air 21 làithean.



Bhuannach an Fhraing
Cupa na Cruinne 2018

Turasachd

Bidh barrachd luchd-turais a' tadhal air an Fhraing na dùthaich sam bith eile air an t-saoghail, mu 90 millean a h-uile bliadhna. 'S e Tùr Eiffel agus Taigh-tasgaidh an Louvre a tha **a' tàladh** a' chuid as motha dhiubh.

An robh fhios agad?

Tha 600 diofar sheòrsaichean càise air a dhèanamh anns an Fhraing a' cleachdadh bainne bho chaoraich, crodh agus gobhair. Ach, tha aon dhiubh, *Epoisses de Bourgogne*, cho garg agus nach eil e ceadaichte a bhith ga ghiùlan air bus no tràna!

Ceistean*

Dèan cinnteach gun tuig thu na faclan ann an **litrichean troma**.

Ceistean Tuigse

1. Ainmich na dùthchannan a tha timcheall air an Fhraing.
2. Dè am prìomh-bhaile anns an Fhraing?
3. Ainmich cuid de na bailtean mòra anns an Fhraing.
4. Dè a' bheinn as àirde anns an Roinn Eòrpa?
5. Dè an seòrsa bàrr a bhios tuathanaich a' cur?
6. Dè an seòrsa spòrs a tha cumanta san Fhraing?
7. Dè cho fad 's a tha an cùrsa airson an Tour de France?
8. Dè cho tric 's a bhios e a' tachairt?
9. Ainmich an dà rud anns an Fhraing a tha a' tàladh a' chuid as motha de luchd-turais.
10. Ainmich an càise le fàileadh grod.

Ceistean Smaoineachaidh



1. Saoil ciamar a bhiodh e diofraichte a bhith a' fuireach ann an aon de na bailtean mòra san Fhraing seach a bhith a' fuireach air an dùthaich?
2. Carson a tha an Tour de France cho ainmeil?
3. Saoil carson a tha barrachd dhaoine a' tadhal air an Fhraing na dùthaich sam bith eile?
4. Saoil carson a tha Taigh-tasgaidh an Louvre cho tarraingeach do dhaoine?
5. A bheil thu den bheachd gum bi Epoisses de Bourgogne a' còrdadh ri mòran dhaoine? Carson?

Dùbhlán

Dèan rannsachadh air cuid de na dealbhan a tha anns an Louvre. Tagh am fear as fheàrr leat agus dèan dealbh anns an aon stoidhle.



Dèan rannsachadh air na diofar rudan a dh'fhaodadh tu a dhèanamh anns an Fhraing air làithean-saora. Dèan clàr-siubhail airson teaghlach a tha a' dol dhan Fhraing airson seachdain. Càit an tèid iad? Càit am fuirich iad? Cia mheid latha a chuireadh iad seachad anns na diofar àiteachan? Dè chì iad? Dè nì iad?



Bhuannaich an Fhraing Cupa na Cruinne ann an 1998 agus 2018. Dèan rannsachadh air cluicheadairean ball-coise às an Fhraing agus cuir sgioba ball-coise fantasachd ri chèile. Dèan cinnteach gu bheil cluicheadairean gu leòr ann airson gach àite san sgioba.

